




H.M. 293.


6.B.

June

Typos. p. 111







S D I U R A D H

NA

BEATHA SHAOGHALTA

LE RAIBEART DODSLEY.

AIR EADAR-THEANGACHADH O AN BHEURLA GU CAELIC
ALBANNACH,

LE ALASTAIR MAC LAURUINN

Philipianach. Caib. iv. 8. Fadheoidh, a bhràthairean, cia bu e nithe ta fior, cia bu e nithe ta urramach, cia bu e nithe ta ceart, cia bu e nithe ta fiorghlan, cia bu e nithe ta ion-ghraidh, cia bu e nithe ta ion-mholta ; ma tha deadh-bheus air bith ann, ma tha moladh air bith ann, smuaintichibh air na nithe sin.

DUN-EIDINN :

CLODH-BHUAILTE LE T. STIUART.

1806.

CLAR-INNSIDH.

	Taobh-dhùille.		Taobh-dhùil
Roimh-radh.....	1	ROINN IV.	
ROINN I.		I. Fear-posda	69
I. Smuainteachadh	7	II. Athair	73
II. Stuamachd	9	III. Mac	77
III. Dichioll	12	IV. Brathairean	80
VI. Comortus	16	ROINN V.	
V Crionnachd	20	I. An Glic agus an t-Aineolach. 85	
VI. Misneach	25	II. Am bochd agus am Beartach. 88	
VII. Toileachas	28	III. Fearastighe agus Muinntir ... 94	
VIII. Cuimseachd	32	IV. Maithean agus Isleán	97
ROINN II.		ROINN VI.	
I. Dochus agus Eagal	41	I. Seirc	104
II. Subhachas agus Dubhachas... 44		II. Ceartas	108
III. Fearn	49	III. Gradh	111
IV. Truacantas	53	IV. Comain	114
V. Miann agus Gaol.	56	V. Treibh-dhireachd	117
ROINN III.		ROINN VII.	
Bean	61	Creidimh	124

Entered in Stationers Hall.

A CHLANN NAN GAEL.

Ni bheil umhail gu bheil ciatf: dh agus meas mòr agaibhse air bhur cànamhuinn fein (an **Ghaelic**); an t-sean chanamhuinn mhòr urramach sin, as mathair do gach uile chana-mhuinn a ta anns an Roinn-Eorpa.

Ghabh bhur finnsiribh (Sliochd Japhet mac Noaih) feilbh air an Roinn-Eorpa uile air thùs.

Is ann a mhain, a nis, ann an **Gaeltachd na h-Alba**, agus ann an cuid de dh' Eirinn a labharar a **Ghaelic** gu glan.

Mhair i anns na talmhannaibh sin, o an am anns an do ghabhar feilbh orra air thÙs le ar sinnfiribh, o cheann iomad mile bliadhna. O na tha chuis mar fo, nach mòr an t-ionmhas a tha againn, agus air an aobhar sin, nach bu mhòr am bëud gu an teirigeadh a chanamhuinn reachdmhor fo gu baileach ; oir tha sin an cunnart tachairt mur tabhair sinn an aire.

Shaoilinn gu am bu e miann nan Gael gach ni a tha nan comas a dhe-anamh, chum a chanamhuinn urramach fo a chumail suas ; canamhuinn a thainig a nuas doibh o an sinnfiribh o thoiseach an t-saoghail ; aon do na canamhuinnibh is fineadh a tha air thalamh.

An doigh is fearr is aithne dhuinn chum na criche fo, gu a cumail fuas gu buan máireannach, is e fo e; gu an ionnsaicheadh fibhse do bhur cloinn a Gaelic a leugha ann aim an oige aig an scoil! Cia airson nach ionnsaicheadh iad cainnt an Athar agus am Mathar a leugha, a chainnt a labharas iad fein, gu mhaith is a tha iad ag ionnsachadh na beurla a leugha. Bu mhòr am maith a dheanadh fo dhoibh fein re an faoghail.

Fuilingibh dhomh earail a chuir oirbh, air na h-uile cor gu an ionnsaich fibh do bhur cloinn a Gaelic a leugha, ni a ta ro-fhurus a dheanamh. Ni am bheil a Gaelic air chor air bith doilich ionnsachadh, agus a nis, an uair a tha am Biobla

Naomha air a Eadar-theangachadh
 gu Gaelic, shaoilinn gu am brosnaich-
 eadh so na Gael chum leughadh na
 Gaelic ionnsachadh, air chor is gu an
 leughadh iad am Biobla nan canamh-
 fuin fein, oir gun cheist is i bu fhearr
 a thuigeadh iad.

Tha mi le gach deadh rùn chum
 maith agus foirbheas nan Gael a
 mheudachadh, bhur brathair gradh-
 ach.

ALASTAIR MAC LAURUINN

DUN-EIDINN, 18 de cheud mbios {
an Fhogmharaidh, 1806. }

THE FOLLOWING GENERAL RULES FOR
READING THE GAELIC LANGUAGE
ARE EXTRACTED FROM THE GAELIC
BIBLE.

IN the Gaelic language there are eighteen letters, viz. *a, b, c, d, e, f, g, h, i, l, m, n, o, p, r, s, t, u*; which are divided into vowels and consonants.

OF THE VOWELS.

There are five vowels, *a, e, i, o, u*.

A is sounded as in the English words *hall*, *halt*; but before *dh* and *gh* it has often the sound of the diphthong *ao*, as in *lagh* law, *magh* a field.

E represents two different sounds: *ɪʃt*, That of the Greek epsilon, or of *ea* in the English word *bear*; as in *ré* the moon, *an dé* yesterday: *2dly*, That of *a* in *care*; as in *e* or *se he, rè* during the time of.

I is sounded like *ee* in English; *O*, as in the words *bone, morn, lot*; and *U* like *oo* in *moon, fool*.

The vowels are divided into BROAD and SMALL. *a, o, u*, are called 'broad vowels'; and *e, i*; small.

In a word of two or more syllables, if the former ends with a broad vowel, the next syllable must begin with a broad vowel; if with a small vowel, with a small. But in compound words this rule may be dispensed with.

All the vowels are sometimes long, sometimes short. When long, they are generally marked with accents.

OF THE DIPHTHONGS.

There are thirteen diphthongs, viz. *ae, ai, eo, ea, ei, eo, eu, ia, io, iu, oi, ua, ui*; which are PROPER OR IMPROPER.

Ao and *eu* are improper diphthongs, representing simple sounds; the former of which is perhaps peculiar to this language, and only attainable by the ear: The latter is like that of the Greek epsilon, or the latin *æ*.

All the other diphthongs are proper; the sound of each of the vowels that enters into their composition being more or less heard. In *ae, ai, ei, oi, io, ia, ua*, and *ui*, the last vowel, and in *ea, eo*, and *iu*, the first vowel is but faintly sounded.

The diphthongs *eu*, *io*, and *ua*, are always long. The other diphthongs are sometimes long, sometimes short.

OF THE TRIPHTHONGS.

There are five triphthongs, viz. *aoi*, *eoi*, *iai*, *iui*. *uai*. They are pronounced like the diphthongs *ao*, *eo*, *ia*, *iu*, and *ua*, with the addition of a short *i*. They are all long, and never occur but in monosyllables, or the first syllables of polysyllables.

OF THE CONSONANTS.

There are thirteen consonants, viz. *b*, *c*, *d*, *f*, *g*, *h*, *l*, *m*, *n*, *p* *r*, *s*, *t*; which are divided into MUTABLE and IMMUTABLE.

The mutable are such as, by having an *b* subjoined to them, either alter or lose their usual sound, viz. *b*, *c*, *d*, *f*, *g*, *m*, *p*, *s*, *t*.

The immutables are such as are never aspirated, or have an *b* subjoined to them. viz. *h*, *n*, *r*.

After a short vowel or diphthong, the consonants are generally pronounced as when written double in English. Thus, *cos* a foot,

aran bread, are to be pronounced as if written *cōss*, *arran*.

A consonant standing alone is sounded as if it were the initial letter of the following word, if it begins with a vowel, or as the final letter of the preceding word, if it ends with a vowel; as *an t-anam* the soul, *le d' chridhē* with thy heart, to be pronounced *an tānam*, *led chridhe*.

Bb and *mb* have the sound of *v* in English. Thus *a' bbean* his wife, *a mbàthair* his mother, are to be read as if written *a vean*, *a vàthair*. *Mb* in the middle or end of polysyllables is often either silent, or stands for a gentle aspiration.

C is always sounded as the English *k*. Thus, *car* a turn, *ceann* a head, are to be pronounced *kar*, *keann*. *Ch* has the sound of *gb* in *lough*, as the Irish pronounce it.

Dh and *gh*, in the beginning of words, are commonly sounded like the English consonant *y* in *you*, *your*. Thus *dha* to him, *a ghaol* his love, are to be pronounced as if written *ya*, *a yaol*. In the middle, or end of words, they are often silent, or have the sound of a faint aspiration.

Fh is silent; as *fheara* O men, *gun fhios* without notice, to be read *'eara*, *gun 'ios*; but *fhuair* he found, is to be read *buair*, the *f* only being quiescent.

G is always sounded as in the English words *get, good*.

Pb has the sound of *f*; as in *pbill e* he returned, to be pronounced *fill e*.

S before or after a broad vowel in the same syllable, is sounded as in English. But, when immediately before or after a small vowel, it has the sound of *ʃb*. It has the same sound in *so this, sud* yonder, to be pronounced *ʃbo, ʃhud*. *S* in the beginning of words, when preceded by the article, with a *t* intervening, is silent: Thus, *an t-suil* the eye is to be pronounced *an tuil*. *S* has the same sound as in English in *is is, is or as* and.

Sb and *tb* in the beginning of words have the sound of *b* alone. Thus *a' bhean shona* the happy woman, *a'chainnt iblá* the smooth speech, are to be pronounced *a vean bona, a chainnt blá*. *Tb* after a long vowel, diphthong, or triphthong, is nearly silent; but, after a short vowel or diphthong, it has the force of a rapid aspiration, as in *criub* baking, *ruith* or *ruidb* running.

The immutable consonants, *l*, *n*, *r*, when initials of words not connected with others in a sentence, have a soft double sound, to be learned only by the ear. But wherever the order of construction requires that the mutable consonants should be aspirated, the immutable lose their double sound, and are pronounced nearly as in English. Thus, the initial letters of the adjectives *mòr* great, and *luath* swift, when joined with feminine substantives in the nominative singular, must be sounded like *v* and *l* in English; as, *beinn mhòr* (*vòr*) a great mountain, *cos luath* a swift foot. But with masculine substantives they retain their primitive sound, as *fear mòr* a great man, *cù luath* (*lluath*) a swift dog.

When the consonants *l*, *n*, *r*, have their double sound in the middle or end of words, they are written double, as in *Gall* a foreigner, *fearr* better; and no other consonant in this language is ever written double.

ROIMH-RADH.

CROMAIBH sios bhur cinn gu làt,
sibhse a luchd àiteach an Domhain !
biobh tosdach, agus gabhaibh le
h-urram fòghlum o Neamh.

Cia bu e ionad anns an foillfich a
Ghrian, cia bu e ionad anns an séid a
ghaoth. cia bu e àit anns am bheil
cluas gu èisdeachd, agus inntinn a

thuigeas ; ann sin biodh aitheanta na beatha air am foillseachadh, agus briatharan na firinn air ain meas, agus tabhairear gèill doibh. (ùmh-lachd.)

Tha gach ni ag teachd o Dhia. Ta a chumhachd gun chrioch, tha a ghliocas o shiorruitheachd, agus mairfidh a mhaitheas gu bràth.

Tha e ann a shuidh air a Riogh-chathair, agus tha anail a bhedil ag tabhairt beatha do an t-saoghal,

Amhaircidh e air na rèulta, agus ruithidh iad an slighe le gairdeachas.

Air sgiathraighean gaoithe siubhlaidh e amach, agus coimhlionaidh e a thoil tre ionadaibh gun chrioch.

Tha seòladh, sgèimh, agus toirbheirteas ag fruthadh o a laimh.

Tha gliocas faicsinneach ann a uile oibribh, ach ni bheil e air a thuigfinn leis a chinneadh daoine.

Tha eòlas ag dol gu faoin thar inntinn dhaoine mar bhruadar ; chi iad mar anns an dorch ; smuaintichidh iad, ach tha iad gu minic meallta ann nam barail.

Ach tha gliocas Dè mar sholus neamh, ni bheil fèum aige air smuaineach ; is i inntinn fèin tobar na firinn, agus an eòlais.

Tha ceartas, agus tràcair, ag feith-eamh air a Riogh-chathair, tha geannaith agus gràdh, ag foillseachadh a ghnùis gu fiorruith.

Co as cosinhuil ris an Tighearn ann am mòrdhachd ? Co a ni strìth ris an uilechumhachdach ann an

cumhachd ? Am bheil coimhmeas aige ann an gliocas ? Am fèud neach air bith a bhi air a shamhlachadh ris-fan ann am maitheas ?

Is esan a dhuine ! a chruthaich thu : tha do inmh air thalamh suidh-ichte le aithne-sa ; comais, (ceud-fadha) do inntinn is iad tiodhlacan a mhaitheis-san ; is tu obair a làmh, a chruthaich-thu gu h-iongantach.

Eifd uime sin re a ghuth, oir is mòr a ghràdh, agus esan a ni a thoil, bheir e fiothchaint do a anam.

ROINN I.

DLEASDANAN

A BHUINEAS DO DHUINE

MAR AON FA LETU.

EARRUINN I.

SMUAINTEACHADH.

Amhairc ort fein a dhvine, agus
smuainich cia airson a chaidh do
chruthachadh.

Beachduich air do chomasaibh,
air do uireasbhuidh, agus air do
dhainhean; mar sin foillfichear do
dhleasdanas duit, agus bithidh tu air
do sheòla anns gath h-uile ni.

Na gluais a chum gniomh air bith,
na a chum labhairt, gus an tabhair
thu feairt air do chainnt; agus
gus an tabhair thu fanear ciod a
dh'fheudas tachairt do gach seol a
ghabhas tu; mar sin cha bhi aobhar
nair ort, agus cha tig tàir an gara do.

theach ; ni mò an tig aithreachas ann ad dhàil, agus cha chomhnuich bròn air do ghruaidh.

Cha chaisg duine bhios gun fhair-eachduinn air fein a theangaidh, labhraidh e ciod fam bith a thig ann a aire, agus tha e air a ribeadh, ann an amaideachd a bhriatharaibh fein.

Mar neach a ruitheas le cabhaig, agus a lèumas thar balla, agus a thuiteas ann an floc air an taobh eile, nach do fhéud e fhaicfinn ; mar so bithidh an duine a bhuaileas gu h-obann air gniomh air bith, mu an do imuainich e ciod a dh' fhèuda teachd na dheidh. (air.)

Eisd air an aobhar sin-ri briathran ciallach, is iad briathran na gliocais agus treòraichidh iad thu gu firinn agus gu tearuinnteachd.

EARRUINN II.

STUAMACHD.

Cia mar a dh'fhèudas tusa, O ! a dhuine, earbfadh ri do ghliocas fein ? agus cia uime ta thu uaibhreach mu do chomhachhadh fein ? is e an cèud chèum a sdiùras thu chum gliocais, fios a bhi agad fein gu bheil thu aineolach ; agus mur maith leat a bhi air do mheas amaideach, ann am barail daoin eile, na bi idir glic ann ad bharail fein.

Mar a ni aodach suairc bean sgiamhach a sgeadachadh ni as fearr, mar sin is iad deagh bhèusan is tearr a-dh'fhèuchas an duine glic.

Ni cainnt an duine shuairc an fhirinn dealrach, agus lughadaichidh stuamachd a bhriatharan a mhearach-daibh.

Cha an earb e re a ghliocas fein ; measuidh e comhairle caraid, agus bheir sin fochair dhò.

Cha an eisd e re a mholadh fein, ni mò a bheir e an aire dh'a, agus ni an cuir e iomadaidh dochuis ann a fheairtibh fein.

Ach mar a mheudaicheas sgailein maife, mar sin tha a dheagh bheusan air am foillseachadh, leis a chlutha a ta a shuairceas ag cuir orra.

Ach amhairc air an duine dhiomhain, agus thoir an aire do an uaibhreach ; sgeadaichdh se e fein le deisibh sgiamhach, iomaichidh se anns

na fraidibh follafach, amhaircidh e timchioll air ag cuireadh aire a thabhairt. Crathaidh e suas a cheann, agus feallaidh e le tair air a bhochd ; buinidh e re islibh gu dimeafach agus amhaircidh uailsean air-fan mar an ceudna, airson a Ardain agus a amaideachd, le gaire, agus le magadh.

Ni e tair air báraill dhaoin eile, carbaidh e as a bharail fein, agus bithidh e air a mhaslachadh.

Tha e air a atadh suas le diomhanachd a inntinn fein ; is e a thlachd a bhi ag èisdeachd agus labhairt uime fein re fad an lò.

Sluigidh e gu gionach a mholadh fein, agus gabhaidh fear a mhiodail Comhthrom (fàth) air mar an ceudna.

EARRUINN III.

DICHIOLL.

O na shiubhail na laithibh a theirig
 a chaoidh, agus na laithibh a ta re
 teachd, maith dh'fheudte nach meal
 thu iad, is còir dhuit air an aobhar
 sin, O ! a dhuine, an t-am a ta ann
 a dheagh bhuileach, gun doilghios a
 bhi ort airson na h-aimsir a chaidh
 seachad, agus gun mhòran earbsa ris
 an aimsir a ta chum teachd.

Is leatfa an ùin a ta lathair, an
 ath-uair a ta fi folaichte uait, agus ni
 bheil fhios agad ciod a dh' fheudas
 tachairt iante.

Cia bù e ni a ta thu ag cuir romhad
 a dheanamh, dean e gun mhaille ; na

cuir dàil gus an fheasgar, anns an ni
a dh'fheudar a dheanamh anns an
mhaduinn.

Is e diomhanas as Mathair do
uireasbhuidh, agus do easlaint; ach
tha faothair an duine shubhailcich ag
tabhairt toilinntinn da fein.

Tha làmh fear an dichill ag tabhairt
buaidh air uireasbhuidh. Tha faibh-
reas agus sonas ag feitheamh air an
duine shaothrachail.

Co esan a choisinn faibhreas, a
dh'èirich gu cumhachd, a sgeadaich e
fein le h-ionracas, air am bheil cliù
anns an Bhaile, a sheas ann an
lathair an Righ ann a Chomhairle? Eadhon esan a dhruid a mach diom-
hanas o a thigh; agus a dubhaint ri
leisg is tu mo namhaid.

Eiridh e moch, agus theid e a luighe anmoch ; cleachdaidh e a inntinn re smuaintean ceart, agus a chorp re gniomh, agus mar sin gleidhidh e an flainte maraon.

Tha an duine mairnealach na eireadh dha fein, tha a uine ag luidh trom air ; iomaichidh e mu an cuairt gu diomhain, gun fhios aige ciod a ni e.

Tha a laithibh ag siubhal seachad mar dhubhar neoil, agus ni am fag e na dheidh comhtharadh air bith mar chuimhneachan air.

Tha a chorp easlan a dhì obair : bu mhiann leis gniomh, ach ni am bheil comas aige air gluasadhl ; tha a inntinn ann an dorchaðas, tha a smuaintean aimh-reiteach, tha e dèidheil

air eolas, ach ni bheil e dichiollach,
 bu m̄haith leis meas ithe, ach is
 draghail leis faothaireachadh ait
 a shon.

Tha a thigh ann an aimh-reit, tha
 a luchd muinntir strothail, agus
 ceannairceach, agus ruithidh e gu
 h-aimhleas, chi e le a shuilean, cluin-
 nidh e le a chluasan, crathaidh e a
 cheann, agus togairidh e, ach ni bheil
 misneach aige; gus an tig sgrios air
 mar iomghaoith, agus bithidh nàire
 agus aithreachas ag a leantuinn, gus
 an teid e do an uaigh.

EARRUINN IV.

COMORTUS.

Ma tha thu an deidh air uaill, ma
 tha tlachd agad air eisdeachd moladh
 ort fein, tog suas do inntinn o an ùir
 do an do rinneadh thu, agus biodh
 do rùn air nithe is fhiach cliùth.

A chraobh dharaich a ta an trà-fa
 ag sgaoileadh suas a geugan gu neamh,
 bha i roimh fo na cnò anns an tal-
 amh.

Dean do dhichioll a bhi air thoi-
 seach ann ad Ealaidhein fein, cia air
 bith i; ni mò na leig le neach air
 bith dol romhad ann an deagh
 ghniomhara; gidheagh na biodh

farmad ort airson neach eile a bhi toiltinneach, ach leafaich thusa do chomais fein.

Na bu fhiach leatfa an neach a bhios ann ad aghaidh a lughadachadh air chor ea-corach, no mi-chiatfach ; dean do dhichill air thu fein a thogail os a cheann, a mhàin le toilltinn a bhi ni as fearr no esan ; mar sin bithidh do strith mu uachdranachd air a coisneadh le cliu, agus le buaidh.

Ni strith chomhthromach croidhe duine a àrdachadh, tha e deidheil air cliù, agus tha e ag deanamh gairdeachas, mar neach a ruitheas gu brofnachail gu ceann a uighe.

Fasaih e mar chraoibh àluinn a dhaindeoin fairneart, agus mar an Iolair anns na speuraibh a dh'eiricheas

gu h-àrd, agus a shuidhicheas a suil air dealradh na greine.

Tha e ag tabhairt an aire de ghnà-thach deagh dhaoine, agus is ea thlachd a bhi ag an cuir an gniomh gach aon lò.

Dealbhaidh e tionnsculaibh mòra, agus bithidh e ait ann nan coimh-lionadh, agus theid ainm a mach gu criochan an Domhain. Ach tha croidhe an duine fharmadaich làn de dhomblas; tha a theanga ag cuir a mach nimhneachd; tha maith a choimhearsnaich ag cumail a fhois uaidh.

Suidhidh e ann a àite comhnuidh le sproc, agus bithidh am maith a

thachras do neach eile, na olc dha-fan.

Tha fuath, agus mì-run cnàmha a chroidhe, agus ni bheil fois aige.

Ni e a dhichioll iadsan a bheir barrachd air fein, a chuir an suarrachd, agus cuirfidh e droch-sheagh, air gach aon ni a ni iad.

Luighidh e fuidh an iosal, agus turaidh e aimhleas ; ach tha grain dhaoine ag a leantuinn, agus brughar e mar an Damhan-alluidh ann a lion fein.

EARRIUNN V.

CRIONNACHD NO GLIOCAS.

Eisd ri briatharan a gliocais, thoir an aire do a comhairlean, agus taifg suas iad ann ad chroidhe ; tha a briathran farsuing brioghmhor agus tha na subhailcean uile ag cuir an taic oirre : is i a stiùras, agus aig am bheil làmh an uachdar air ar beatha.

Cuir frian air do theangaidh : biodh feairt agad air do chainnt, air eagal gu a mill focail do bheoil fein do shith.

Easan a ni fanoid air a bhacach, thugadh e an aire nach crùbaich e fein : cia bu e a labhras air tuilleannibh

neach eile le tlachd, cluinnidh e air a dhochuinn fein le croidhe goirt.

O mhòran labhairt thig aithreachas, ach ann an tosdachd tha tearuinn-teachd.

Tha an duine a labhras mòran, na fhuathas ann an cuideachd, tha an cluasaibh sgith de a chainnt mhi cheillidh, tha tartar a bhruidhinn ag bòghradh comhluadair.

Na bi uaibhreach mu ad dhèibhinn fein, oir a ta sin di-measail, ni mo a ni thu fochaid air neach eile, oir ta sin cunnartach.

Sgàraidh fanoid cairdean, agus esan nach urrainn a theanga a chumail, gheibh e na leor de chorruich.

Uighimich thu fèin leis gach ni iomchubhaidh, a bhuiteas do ad inmh;

agus an deidh sin uile, na caith gu leir gus a chuid is mò a dh'fheudas tu a chaitheamh, a chum gu an dean caomhnadh do oige, cuideacha riut ann ad shean aois.

Biodh do mhathas fein an comh-nuidh ann ad aire; fag cùram na tire do a h-uachdranaibh fèin.

Na biodh do chaitheamh beatha strothail, eagal gu an cuir an daoit-sinneachd truime ort, ni as mò na an toilinntinn a bheirear duit.

Na deanadh soirbheas thusa neochùramach, agus na cuireadh faibhreas grabadh air obair; efan a ta strothail air nithe na beatha so, feudaidh e mairsinn beo gu bhi ann an dir.

O fhiosrachd dhaoin eile, foghluin

thu s' ag liocas; agus o am mearacdhaibh-fa leasaich do mhearachdaibh fein.

An uair a dhearbas tu duine a bhi ionruic, taifg suas ann ad chroidhe e, mar ionmhas! meas e mar sheud ro luachmhор.

Diult tairgsibh duine sanntach, cuir-fidh e ribeadh ort, cha bhi thu gu bràth saor o an chomain.

Na cuir feum an diugh, air an nì air am bi iarrtas a matharach ; nì mò a dh'fheudas tu fhagail ann an cunnart air bith, a ni a dh'fheuda freasdal no deagh chùram a bhacadh, na cuir roimhe.

Ach na biodh dùil agad gu an tabhair an gliocas fein làn bhuaidh dhuit; oir ni bheil fios aig an latha ciod a dh'fheudas tachairt anns an oidhche.

Ni bheil an t-amadan daonan neo-shoirbheasach ; no an duine glic daonan buagharr ; gidheagh, ni an robh a riamh fior shuaimhnéas aig amadan ; a riamh cha robh duine glic daonan mi-shonadh.

EARRUINN VI.

MISNEACH.

Cunnartaibh, mi-shoirbheas, agus uireasbhuidh, agus eaflaint, agus dochuinn, a ta a bheag no a mhòr dhiubh, nan crannchur cinnteach, do gach aon duine a thig a chum an t-saoghal.

Is còir dhuitse air an aobhar sin, O !
 a leinibh na truaighe ! do inntinn a neartachadh gu luath le misnich, agus le foidhidinn, a chum gu an giulain thu le deagh chruadal do chuid fein do dh'earchall shaoghalta.

Mar a dh'fhuilingeas Ca'mhull mòr-
 sgìtheas, agus teas, agus Ocras, agus
 c

pagha, troimh fhafaich ghaineamh, agus ni am fannaich e; mar sin ni misneach duine a ghiulan suas anns gach cas, no cruidh-chas.

Duine aig am bi deagh mhisneach, cuirfuidh e suarrach truaigh, cha lagaich ni air bith mòralachd a inntinn.

Cha do leig fe do a shonas a bhi an earbsadh re a soirbheas, air an aobhar sin cha bhi eagal air as a gruaim,

Mar charraig air traídh na mara, seafaidh e daingion, agus ni an dean bualach nan tonn a ghluafad.

Togaidh e suas a cheann mar aonach ard, agus tuitidh saighdibh na mì-ruin air làr aig a chosfaibh.

Ann an am cunnairt, tha misneach a chroidhe ag a chumail suas; agus tha seasmhachd a intinn ag a dhionadh.

Coinnichidh e uilc na beatha fo, mar dhuine dol a mach gu cogadh, agus a philleas le buaidh ann a laimh.

Fuidh chudthrom mi-shoirbheasan, tha a chiùineas ag an eatromachadh, agus bheir a sheasbhachd buaidh orra.

Ach ni croidhe duine claghaireach, a fhagail scaolte gu näire.

Mar a ta cuilc air a luasgadh le beothachadh gaoithe, mar sin cuiridh cosmhuiileachd uilc eagal air.

Ann an am cunnairt, tha e iom-luaineach, agus neo thuigseach, agus lionaidh eadochas a anam.

EARRUINN VII.

TOILEACHAS.

Na dean dearmad O a dhuine! gu bheil do inmh air thalamh air a cumadh dhuit leis an Athair uile-chumhachdach ; do an aithne do chroidhe, a tha aig faicsinn diomhsanas do uile mhiannaibh, agus a tha gu minic ann an tròcair ag diùltadh do iarrtafaibh.

Ach an deidh sin uile, gach miann comhthiomach, agus gach dichioll ierreuc air a dheanamh, rinn a mhornaitheas a shuigheach ann an gnè nithe, colmuileachd gu an foirbhich leat.

An neo-fhoisneachd a tha thu ag faireachduinn, na cruidh-chàfan a tha thu ag caoidh, feuch an fhreimh o am bheil iad ag fàs! eadhon do amaideachd fein, do uailleas, agus do inntiann choirpte fein.

Air an aobhar fin na talaich air Freadal De, ach leasaich do chroidhe fein: ni mò a deir thu, “ nam biodh faibhreas agam, no cumhachd, no uine, bhithinn sonadh ;” oir biodh fios agad gu bheil iad fin uile ag tabhairt do an luchd seilbh mi-ghoireas-achd araidh, a leanas orra.

An duine bochd, ni bheil e ag tabhairt an aire, lionmhoireachd nam farran, agus nan iomaguin a tha an dail nam beartach, cha an bheil e faireachadh airceas, agus buaireadh

dhaoine cumhachdach, agus ni an aithne dha sgitheas na h-athais ; agus mar sin a ta esan mi-thoilichte le chrannchur fein.

Ach na gabh farmad re cosmhuiileas sonais ann an duine air bith, oir ni an aithne dhuit a dhubhachas folaichte.

A bhi toilichte le beagan is e an gliocas is mò ; agus esan a mheudai-cheas a shaibhreas, meudaichidh e fòs a churam : ach is ionmhas folaichte inntinn thoilichte ; agus cha tig smuairean ann a còir.

Ach cha dean beairteas fein mi-shonadh thu, mur fuiling thu dhà do bhuaireadh chum dibre a chuir air ceartas, air ceannsachd, no air toir-bheirteis, no air stuaim.

Ach uaith sin feudaidh tu ionnsachadh, nach bheil sonas, as eugmhais mi-shonas, air a chumadh do chlann nan daoine.

Deagh bheusan, is iad na nithe a dh'aithn Dia dha, gu a chuir an gniomh, agus sonas ceann a uighe; àite aig nach ruig neach air bith, gus an ruith e a shlighe gu h-ionlan, agus gus am faigh e a chrùn ann an Flaith-eamhnas.

EARRUINN VIII.

CUIMSEACHD.

An sonas as mò a dh'fheudas tu fhaotainn air an taobh fo do an uaigh, is e, thu a mhealtuinn o neamh tuigse agus flainte.

Na fochairean fin ma a shealbhach eas tu iad, agus gu am bu mhaith leat an gleidheagh gu sean aois, seachuinn gach ni a tharruingeas tu gu h-anamiann agus teich o a buaireadh.

An uair a sgaoilear a mach a nithe sòghmhòr air a clàr, agus fion ag lionadh gach cornn ; an uair a nithear gaireachduinn, agus a bhrofnuicheadar

thu gu bhi aoibhneach agus suilbhír ;
 is e sin am a chunnairt, an sin seafadh
 ciall gu daingion air a faicill.

· Ma dh'eisdeas tu ri briathran eas-
 caraid, bithidh tu air do mhealladh,
 agus air do ribeadh.

Caochalaidh an t-aoibhneas a ta
 anainiann ag gealltuinn gu truaighe,
 agus a ta na nithe a bhuilicheas i, ag
 tabhairt easlaint agus bàs.

Amhairc mu an cuairt air a h-aoi-
 ghean, agus tabhair fanear iadsan a bha
 air am mealladh le a h-inntleachdaibh,
 agus a dh'èisd re a buairibh.

Nach bheil iad caol, agus do-neu-
 lach ? nach bheil iad eaflainteach, nach
 bheil iad lag-chroidheach ?

An uairibh mire agus fàimh, tha
 iad air an leantuinn le iomadh laithibh

guineach, agus trom-chroidheach. Rinn i truaillidh agus anmhunn an caileachdaibh, air chor is nach bheil deidh aca air a chuirn is fòghmhoire: tha a luchd tadhaich air an casgairt; ni ceart a shuidhich Dia, chum tach-airt, agus a chum dioghaltas a ghabhail orra-fan a dhroch bhuilicheas a thiodhlacan.

Ach co ife, le ceumaibh ciatfach, agus aighireach, a ta ag imtheachd air an chomhnard ud thall.

Tha a gruaidh mar chorcar, tha cùbhraidheachd na maidne ann a bilih; tha aoibhneas, agus neo-chiontas, agus stuamachd a lasadh ann a filibh, agus ann an suilbhireachd a croidhe, tha i ag gabhail ceoil mar a dh'imircheas i.

Is e a h-ainm SLAINT : ghineadh i le
faothair agus stuamachd : tha am mic
ag aiteachadh slèibhtean na h-àirde
tuaithe.

Tha iad misneachail, faothair-
eachail, beothail, agus tha iad ag
sealbhachadh maise agus beusan an
aithriche, tha neart agus lùth an nam
ballaibh, agus is e gniomh an ¹⁷toilinn-
tinn gach lò.

Brofnaichidh feairtibh an aثار an
caileachd, agus tha cuirm am mathar
ag an neartachadh.

Is e an toil a bhi cuir an aghaidh
ana-mhianna, agus buaidh a thabhairt
orra, an cliù.

Tha an fùgradh fuidh cheannsal,
agus uime fin, tha e buan, ni am bheil

an codal fada, ach tha e ciùin, agus fuaimhneach.

Tha am fuil glan, tha an inntinnibh foilleir rèith, agus ni am faicear an lèigh air an t flighe, gu an aite comhnuidh.

Ach ni an comhnuich tearuinn-teachd maille ri clann nan daoine, ni mò am bheil dionachd ri fhaotainn ann an taobh a stigh de an dorfaibh.

Faic iad anis sgaoilte do chunnart-aibh nuadh o an taobh amuigh, an uair a ta àmhaid ag èulaidh a stigh gu am mealladh.

An flainte, an spionnadhan fgeimh, an lùth, dhùisg iad sin uile an- miann ann an croidhe luchd gaoil druiseamhail.

Ni i seafamh ann a dorus, bu mhaith leithe iad a thoirt an aife dh'i, agus sgaoilidh i a buairean mu an cuairt d'i.

Tha ballaibh a cuirp min, agus taitneach, tha a trufcan sgaoilteach, ag tabhairt cuireadh. Tha druiseamhlachd faiceannta ann a fùilibh, agus air a brollach comhnuichidh buaireadh. Smèididh i le a laimh tha i uiridh orra le a fùil, agus le shiomachd a teangaidh, ni i a dichioll air am mealladh.

Och ! teich o a buaireadh, doin do chluasaibh o a briathran druidheil. Ma dh'amhairceas tu air a fùilibh mealltach ; ma dh'èisdeas tu ri a comhradh tlàth ; ma chuirfeas i a

làmhàin mu ad thimchioll glacaidh
si thu ann a lion am feasd.

Uaidh sin thig nàire, eaflaint, dìth,
cùram, agus aithreachas.

Air bhi anmhunnaichte le drùis-eamhlachd, le foghaireachd air do fhòrlionadh, agus meata le leisg, treigidh treor do bhollaibh thu, agus slainte do chuirp ; bithidh do laithibh goirid, agus iad sin mi-chliùiteach ; bithidh do bhròn iomadach, ach ni an gabhar truas riut.

ROINN II.

NA FULANGAIS.

ПОДАЧА

СИОНИСТЫ

С.

EARRUINN I.

DOCHUS AGUS EAGAL.

Tha geallan dochuis nios millse na blàth ùr nan crann, agus mòran nios dèidheil ann an earbsadh asda ; ach tha ná nithe a chuireas eagal, nan uamhunn do an chroidhe.

Ach an deidh sin uile, na fuiling do dhochus do thàladh, ni mo a bhacas eagal thusa o a dhéanamh a nì a ta ceart ; mår sin bithidh tu ui himichte a chum gach ni a choinneachadh a dh'fheudas tachairt, le h-inntinn chomhthromach.

Ni bheil eagal a bhais fèin na eagal dhoidh-san a tha maith ; esan

nach dean droch ni, ni bheil aobhar eagail aige.

Biodh misneach thuigseach agad ann ad uile shaothair, gu do bhro-fnachadh : ma bhitheas tu an-earfsach as ad fein, cha soirbhich leat.

Na biodh eagal faoin air do chroidhe, ni mò a leigeas tu do ad chroidhe lagacha le smuainte diomhain.

Uaith eagal thig mi-shoircbeas, ach esan a bhios ann an deagh earfsadh, cuidichidh se e fein.

Mar a dh'fholaireas an Struth a cheann, an uaira bhios leanmhuiinn air, agus a dhi-chuimhnicheas e a Chorp ; mar sin tha eagal a ghealltair ag a dheanamh buailteach do chunnart.

Ma shaoileas tu ni a bhi do-dheanta, ni do an-earfsa mar sin e ; ach esan

a bhios bunantach gheibh e buaidh air gach uile chruaidh-chàs.

Ni dochus faoin croidhe an amadain a thoileachadh ; ach cha tabhair an duine glic feairt air.

Bi tuigseach ann ad uile mhiannaibh, agus na rachadh do earbsadh an taobh thall do choismhuileachd ; air an dòigh so, foirbhichidh do uile ghniomhara leat, agus cha bhi cràdh air do chroidhe le mealladh.

EARRUINN II.

SUBHACHAS AGUS DUBHACHAS.

Na biodh do shùigradh gu mhòr is
 gu an cuire do inntinn air mhearrachd,
 na do bhròn gu throm is gu an cuire
 smal air do chroidhe. Ni am bheil
 an faoghal so tabhairt seachad nithe
 maith sam bith gu thaitneach, no olc
 sam bith gu chraiteach, is gu am bu
 chòir dhuit thu fein a chogail suas
 fada os ceann, no ad ifleachadh fada
 fuidh chuimse.

Feuch ! thall ud seasaidh tigh an
 aoibhneis. Tha e sgiamhach o an
 leth muigh, agus seallaidh e boid-
 heach ; feudaidh tu aithneach leis a

mhireadh, agus a mheadhghairm mhòr a ta ann.

Seafaidh bean an tighe aig an dorus, aig gairm gu beadaich ris na h-uile neach a ta dol seachad, ag gabhail ciuil, le broilich is gaireachdunn do ghnath.

Tha i ag tabhairt cuireadh dhoibh teachd a steach, agus foghaireachd na beatha a bhiasad, ag innseadh dhoibh nach faighear iad ann an ait air bith eile, ach ann a fardaich-fa.

Ach na racha tuṣa a steach air a dorus; agus na dean comhluedar riusan a tha tathaich a tighe

A deir iad riu fein clann na h-aoibhneis; ni iad gaire, agus tha cosmh-uileachd subhaltas orra; ach ni bheil ach cuthach agus amadeachd ann nan seolanna gu leir.

Tha aimhleas ceangailte riu laimh air laimh, agus tha an ceumanna ag treorachadh gu truaighe. Tha cunnartaibh air gach taobh diubh, agus tha floc an leir-sgrios ag fosgladh fuidh b'onn an cos.

Amhairc a nis air an taobh eile, agus faic, anns an ghleann sin a tha air a dhubhrachadh le coille, folaichte o shealladh dhaoine, aite comhnuidh a bhròin.

Tha ofnaich a cleibh gu h-ard, tha a beul ag deanamh tuireadh; tha i gabhail tlachd a bhi ag aithris air truaighe.

Amhaircidh si air nithe gnàthach na beatha, agus ni i caoineadh; is iad anmhuiinneachd, agus droch-bhe-airt dhaoine sior bhriathran a beoil.

Tha an faoghal uile dh'ise làn de olc, tha gach ni a chi i an an-riochd, le doirche a h-inntinn fein ; agus tha osnadh a gearain ag dubhachadh a h-aite comhnuidh a latha is a dh'oidhche.

Na tig am faigse do a h-aite comhnuidh ; tha a h-anail breun, seargaidh i an toradh, agus cuiridh sì gu neo-bhrigh, na sochairean ta a fgeada-chadh agus ag deanamh suaimhneach turus na beatha.

Air dhuit tigh an stroth a sheachnad, ni an racha tu a dh-ionnsuidh an ionaid chomhnuidh uamhasach fo ; ach lean le cùram, an t-flighe cheart a threoraicheas tu le taitneachd gu sith agus suaimhneas.

Le sin a dheanamh, gheibh thu sith agus toileachas. Bithidh tu fuilbhír gun uaill, bithidh tu smuainteachail gun smal air do inntinn; beachdaichidh tu air aoibhneas agus an aoibhneas na beatha, le beachd comh-thromach agus tuigfinneach.

Uaith so mar neach ag sealltuinn o aonach àrd, chi thu amaideachd agus truaighe na müinntir sin, a ta ag an fdiùradh fein le amaideachd an croidhe, ag cumail comhnaltradh re cui-deachd strothail; no, mà ta iad air ami bualadh le doille agus dubhachas inntinn, a ta ag caitheamh an laithibh ag gearan air truaighibh agus amh-gharaibh a chinneadh daonna.

Beachduichidh tu orra le cheile le truas, agus cumadh am mearachdaibh thusa o dhol air sheachran.

EARRUINN III.

FEARG.

Mar a reubas iomaghaoth laidir na crannaibh as an talamh, agus le sín a chuireas mi-dhreach air aghaidh na tire; no mar a leagas crith-thalmhuinn le a mor ghluasad Bailtean mòra gu lár; mar sin cuirfidh duine feargach aimhleas mu an cuairt d'a. Tha cunnart agus sgrios ag feitheamh air a laimh.

Ach smuainich, agus na dean dearmad air do anmhuijnneachd fein, le so a dheanamh, loghaidh tu loch-daibh muinntir eile.

Na tabhair thu fein suas do fhearg ;
 oir is cosmhuiil sin re neach a gheur-
 aicheadh claitheàmh chum a lota fein,
 no a mharbhadh à charaid.

Ma ghiulanas tu buairean beag le
 foidhidinn, measar dhuit e mar ghlioc-
 as ; agus ma dh'fhuadaicheas tu iad
 o ad chuimhne, cha tabhair do
 chroidhe fein agartas ort an deidh
 laimh.

Nach leir leat gu am bheil an duine
 feargach ag call a thuigse ? fhad is a
 tha thu fathaft ann ad chèill, biodh
 corruich neach eile, ag tabhairt ciall
 duitse.

Na dean ni air bith an uair a bhios
 fearg ort. Cia airson a racha mar-
 aiche air muir, agus annradh mòr
 oirre anns an am.

Ma tha e doilich do fhearg a chasgadh, tha e glic grabadh a chuir air ; seachuinn uime sin na h-uile aobhar air tuiteam ann am feirg, agus cuir freiceadan ort fein gach am a thacharas e.

Tha amadan air a bhuaireadh le briatharaibh suarrach, ach ni duine glic, di-meas orra.

Na tabhair còmhnuidh do dhioghaltais ann ad chòm, cràghaidh e do chroidhe, agus truaillidh e na smua-intean is fearr ata ann.

Bi daonnan ni is ullamh gu maith-eamhnas a thabhairt, na ath-chomain a dheanamh airson uilc ; esan a ta deannamh feitheamh chum fàth fhaotainn airson dioghaltas a dheanamh, tha e cosmhuil re duine a luigheas ann am folach ann a aghaidh fein, agus a

thairngeas a mnuas aimhleas air a cheann.

Freagaradh sèimh a thabhairt do dhuine feargach, tha e mar uisge a dhoirtear air an teine, agus o a bhi na namhaid, cinnidh e gu bhi na charaid.

Smaoinich cia beag nithe mu am bu chòir dhuit fearg a bhi ort, agus gabhaidh tu iongantas gu an gabh neach air bith fearg, ach amadan.

Oir is ann o amaideachd, no ainseolas a thoisicheas e, ach thoir an aire, agus bi cinnteach, gu an criochnaich e le h-aithreachas.

Leanuidh nàire air, amaideachd agus bithidh aithreachas air lorg na feirge.

EARRUINN IV.

TRUACANTAS.

Mar a tha blàthan agus cinneachduinn air an sgaoileadh air thalamh le fasmhalachd an earruich, agus mar a ni blàthas an t-famhraidh an àrach a chum toradh an fhoghmhair, mar sin builichidh truacantas sochairean air clann na h-uireasbhuidh.

Efan a ghabhas truas do neach eile, coisnidh e cliu dh' à fein, ach esan a tha as eùgmhais truacantas, cha an airidh e air truacantas fhaotainn.

Ni am bheil am feòladair ag tiomachadh le mèilich an uain an uair a bhios e ag a chafgairt; ni mo a ta

croidhe an an-iochdmhoir ag tiomach-adh le a bhi ag fealltuinn air an-shocair.

Ach bithidh deòir an fhir thruacaint ni as millse na driuchd o bhathla nà maduinn shamhraidh.

Na druid do chluas uime sin re gla-oth nam bochd, ni mo a chruadhais cheas tu do chroidhe re an-shocair an neo-chiontaich.

An uair a ghlaothas an dileachdan riut, an uair a thuiteas croidhe na bantraich, agus a ghuidheas i ort congnadh, le deòir; gabh truas re a hamhgar, agus sìn amach do lamh dhoibh-san, aig nach bheil aon neach do an còngnadh.

An uair a chi thu am bochd, lom-nochd air chrith le fuachd, agus gun àite còmhnuidh aige; fosgaileadh soch-

artas do chroidhe, agus deanadh do sheirc a dhion o an bhàs, a chum gu am mair thu fein beò.

An uair a tha an duine bochd ag caoidh air leabaidh an-shocraich, an uair a tha esan a tha cruaidh chafach air a chlaoideann ann am braideanas, no an uair a ni ceann liath na h-aois a ghearan riut, agus ag iarruidh do chòngnamh ; cionnas is urrainn thu a bhi struitheil le do mhòr shaibhreas, gun smuaineachadh air an uireasbhidh, gun chòngnamh a dheanamh riù

EARRUINN V.

MIANN AGUS GAOËL.

Tabhair an aire a òganaich, bi air
do fhaicill o mhealladh na Druis,
agus na leig leis a mheirdrich do thàla
a chum a lion.

Cuirfidh braiseadh anmiann crioch
air a h-oibre fein ; le doillid a h-ain-
theas bheir i sgrios ort.

Air an aobhar sin na fuiling do ad
chroidhe a bhi air a mhealladh leithe ;
ni mo a dh fhuilingeas tu do ad
inntinn a bhi air a deanamh na tràill
le a culbheartaibh.

Tobar na flainte, o am bheil sonas
na beatha a mhain ag teachd, tiormai-

chidh e gu grad suas ; an sin thig crioch air subhachas.

Beiridh sean aois ort ann an tùs do bheatha ; luidhidh do grian ann am maduinn do laithibh.

Ach an t-uair a bhios subhailc agus stuain, ag feuchainn a deagh bheusan, tha dearfadhbh bean sgiamhach mar na resulta anns na neamha, agus gheibh i mòr mheas, agus gràdh o na h-uile neach.

Tha a bragad geal ag tabhairt barrachd air blàth an luis is boidhche, agus ta a gnùis ni is maifiche na lios fuidh bhlàth.

Tha neo-chiontas ag dealradh ann a suil cosmhuiil ris an choluman ; tha firinn, agus ionracas aig gabhail tàmh ann a croidhe.

Is millse a pòg na a' mhil ; tha a
h-anail ni is cùbhraidh na luibhean
Aràbia.

Biodh do chroidhe fosgailte gu' co-
main a thabhairt do ghràdh comh-
thromach, àrdaichidh e rùin ghlan do
chroidhe agus taiflichidh e a chum
gach ni maith a ghabhail ann.

ROINN III.

BEAN.

20.38

BEAN.

Tabhair èisdeachd a inghin aillte,
do theagast glic, agus leig le reachd
na firinn tamh a ghabhail ann ad chr-
oidhe; mar sin ni maitheas do inn-
tinn, maise a chuir re fnas do chum-
adh; agus do aillne mar ùr bhlàth
nan crann, ris am bheil i cosmhuil,
gleidhidh i a cubhraidheachd àn uair
a sheargas a blàth.

Ann an aois do oige, ann an tùs do
laithibh, an uair a ghabhas daoine
beachd ort, agus an uair a dh' innseas
do chroidhe fein duit, ciod is ciall
doibh: och! èisd le faicleadh am bri-
athraibh mealltach: cuir faireadh
maith air do chroidhe, agus na ta-

bhair èisdeachd do an comhairlibh buaireachail.

Cuimhnich gu bheil thu air do dhe-anamh gu bhi ann ad chomhluadair tuigseach do fhear, ni h ann a bhi ad thràil do a an-mhiann ; ni h-i crioch do bheatha amhàin a ana-mhiann a thoileachadh, ach a chuideachadh ann an saothair agus gleachda na beatha ; a bhi gu blàth ciuin ris, mar dheagh chomain airson a ghràidh agus a chùram dhiot.

Co ife a bhuidhinnseas croidhe fir, a thairngeas a ghaol, agus a bhios an uachdar ann a chroidhe.

Amhairc oirre, tha i ag iomachd mar rimhinn àlainn shuairc ; tha neochiontas ann a h-inntinn, agus stuaim air a gruaidh.

Tha a lamh an comhnuidh ann an gniomh, ni bheil tlachd aice dol air cheilidh.

Tha a truscan deas, tha i caitheamh a beatha ann am measarrachd; tha ioraflachd, agus feimheachd ann a beufan.

Tha labhairt a beoil caomhail, tha briatharaibh a bile fior thaitneach.

I ha i eireachdail ann a briathar-
aibh, ann a freagaradh tha i seimh,
agus firinneach.

Uaipse ionnsuichear ùmhachd; agus
gheibh i sith agus sonas mar a duais.

Tha gliocas agus subhailc ag fdiùr-
adh a h-uile ghniomharadh.

I ha màlldachd, agus gràdh ann a
gnàis ach tha crionnachd agus ceann-
falachd ann a còir.

Tha teanga luchd mi-mhodh balbh ann a lathairse; cuirfidh sgàth a subhailc nan tosd iad.

An uair a bhios dream eile ag togail tuaileas agus mi-chliu air an coimhearsnach, cha chreid is e, agus ni an aithris i e.

Tha maitheas ag gabhail comhnuidh ann a croidhe, agus ni bheil amharus uilc aice air neach eile. (air bith)

Bu shonadh a bhiodh am fear a dheanadh a bhean di (de i,) bu shonadh a chlann a theireadh am mathair rithe. (ri i)

Tha i air ceann a tighe, agus tha sith ann ; tha a h-iarrtas le tuigse, agus freagrar i.

Eirigh si moch anns an mhaduinn, smuainichidh i air a gnothaichean,

agus sonraigheadh i do gach neach fa leth de a muinntir, an obair a ta iom-chubhaidh orra.

Is e a tlachd càram a tighe, is e sin a tha i ag gabhail fò laimh ; agus tha snas agus criondachd comharaichte ann a tigh.

Tha gliocas a sdiùir cliùiteach do a fear posda, agus cluinnidh e a moladh o neach eile le fior thaitneachd.

Teagaifgidh i gliocas do a cloinn, ionnfaichidh si iad a rèir a beufsaibh fèin.

An uair a labhras i am focal freag-airidh iad ; an uair a dhearcas i a suil tha iad ùmhalaidh.

Gu luadh is a labhras i ruithidh a muinntir, smèididh i le a corraig agus tha an ni deante, oir tha gràdh dhi

ann nan croidheacha, agus tha a caomhalachd ag cuir lùth ann nan cosfaibh.

Ann an soirbheas ni am bheil i uallach, ann an an shoirbheas, ri a foidhidinn agus a dichioll lamh-an-uachdar fhaotainn.

Tha faothair a fear posda air a dheanamh ni as lugha le a comhair-lean, agus air eatromachadh le a caomhalachd : cuirfidh e smaointean a chroidhe ann a h-uchd, agus gheibh e furtach.

Is sonadh am fear a ghabh i na mnaoi, is sonadh a chlann a ghoireas am mathair rithe.

ROINN IV.

DILSICHEAN,

CAIRDEAN NO DAIMH.

ЛІКУВАННЯ

І ЕДУКАЦІЯ

ІМПЕРІАЛИСТИЧНОГО ВІДНОШЕННЯ

EARRUINN I.

FEAR (POSDA.)

Gabh bean dhuit fèin agus freagair aithne Dhe ; gabh dhuit feìn bean, agus bi ann ad charaid dileas do ad dhùthaich.

Tabhair fanear gu cùramach, agus ia suidhich do rùn gu h obann. Oir, air an roghainn a ni thu an trà fa, tha do shònas an deith-laimh an earbhadh is.

Ma a chuirfeas i seach mòran de a h-ùine ann an uigheam, agus deasachadh ; ma tha i ann an gaol air a h-àillne fein, agus aig am bheil tlachd ann an èisdeachd re a moladh fèin ;

ma ghàireas i tric, agus ma labhras i gu h-àrd, mur fuirich i ann an tigh a h-Athar, agus ma sheallas i gu dàna ann an aodainn dhaoine: ged a bhiodh a maife gu mhor ris a ghrian anns na neamha, tionnda uaipe, na rach ann a coir, agus na fuiling dhuit fein a bhi air do mhealladh le smaointeán faoin.

Ach an uair a dh'fhairicheas tu croidhe tuigseach maille re deagh bheusan; inntinn oileanta, agus cumadh taitneach; tabhair dhachaidh (dha ad thigh) i, is airidh i a bhi na dilsean duit, agus na deagh sheise re do beatha mar bhean do ghràidh.

Bi caomhail rithe, agus meas i mar thiodhlac air a cuir o neamh. Bi

baighéil rithe, a chum gu am bi a croidhe grâdhach dhuit.

Is i bean do thighe, biodh mòr mheas agad oirre air a shon sin, a chum gu am freagair do mhuinnitir i.

Na cuir an aghaidh a toil gun aobhar, tha i saothaireachadh leat ann ad obair, biodh i comhladh riut-maraon ann ad aighir (shugradh.)

Cronaich le suairceas a mearachdaibh, na agair a freagarachd le h-ain-ioc.

Earb do rùin rithe ; tha a comhair-lean treibh-dhireach, cha bhi thu air do mhealladh leithe (le i.)

Bi firinneach do a leabadh ; oir is i mathair do chloinne.

An uair a bhuaileas teinn no an-
~~h~~^hocair i, ni do chaoimhneas a h-amh-

ghar eatromachadh ; sealladh caomh agus gràidh uaitse, bheir e lasach dè à bròn, agus do a goirteas, agus bithidh e 'ni as fèumail do i (dhi) nà mòran Leighibh.

Thoir fanear anmhuiinneachd bear agus maothalachd a' chuth ; agus 'ain an zobhar sin na bi fearbh 'ri i, ach cuimhnich do laigfinn fein.

EARRUINN II.

ATHAIR.

Cuimhnich thusa, a tha ann ad Athair, cùram an ni ata an earbsadh riut ; an leanabh a ghineadh leat, is dleasdanach ort solar a dheanamh air a shon.

Ort fèin is maith dh'fhèudte, a ta e an earbsadh, cia aca a bhitheas do leanabh na aobhar subhachais, no na aobhar dubhachais duit ; na dhuine féumail, no na dhuine gun fhèum do a dhùthaich.

Fòghlum a inntinn le oilean, ann an am a òige, agus teagaifg dha briathraibh na fiann.

Tabhair an aire do a thogaraibh, cuir ceart e ann a aois tog, agus na leig le droch ghnàth sam bith a tha an ad chomas cuir roimhe, ceannas fhaotain air, mar a thig e ann an aois.

Mar so fasaidh e mar chrann àluinn air na fleibhteann, agus bithidh a' chliù air aithris fàns an Dùthach le tlachd.

Tha mac aingidh maslach do a athair, ach efan a ni ceartas, tha e na farram do a sheanaois.

Is efair do ghineil fein, na biodh e gun fhìoghlaich, an siol a chuireas tu, biodh earbsadh agad gur e a bhuaileas tu.

Teagaifg dh'a umhlachd agus bheir e buidheachas duit, teag-

aisg dh' à stuaim agus chàtig näire
na chòir.

Teagaifg dh'a comain a thàbhairt,
agus gheibh e tiodhlacan, teagaifg
dh'a gradh a thabhairt do an
chinneadh daonna, agus gràdhaichidh
iad e.

Teagaifg dh'a cuimseachd, agus
gheibh e flàinte ; teagaifg dh'a gliocas
agus foirbhichear leis.

Teagaifg ceartas d'a, agus bithidh
e urramach anns an t faoghal, teagaifg
treibh-dhireachd dh'a, agus ni an agair
a chroidhe fein air.

Teagaifg dh'a dichiollachd, agus
meudaichidh a shaibhreas ; teagaifg
dh' à geanmaith do an chinneadh
daonna, agus bithidh a inntiinn air a
h-àrdachadh.

Teagaifg dh' à Ealadhain, agus
bithidh a bheatha feumail; teagaifg
dh' à creideamh, agus bithidh a bhàs
sonadh.

EARRUINN III.

MAC.

Uaith chruthachd Dhe, foghluinadh daoine gliocas, agus deanadh iad fèum do an eolas a bheir sin doibh.

Rach do an fhàsach mo mhac, tabhair an aire do an Chorra-bhàn anns an di-threabh ; beachduich oirre-san, giulainidh sì air a sgiathraig a h-Athair aosda, cuirfuidh sì ann an aite comhnuidh tearuinnt e, agus bheir i biadh dh'a. (teachd an tir dh'a.)

Tha gràdh agus càram cloinne ni as taitniche na tuis Arabia air a h-iobairt suas do an ghrèin ; Seadh,

ni as millse no na boltraibh is cùbh-raidh a tha teachd tharais air achadh meas Arabia leis a ghaoith an iar.

Bi freagarach do ad Athair, oir do għin e thu ; agus do ad mhathair, oir dh'araich i thu.

Eisd re briatharaibh a bheoil, oir labhair e iad airfɔn do mhaith ; dean fèum do a earail, oir is ann o għrædh a tha i teachd.

Rinn e freafdal mu ad dhèibhinn, agus shaothairich e air do fħon ; tabhair urram uime fin do a shean aois, agus dion e o eaf-urram.

Na di-chuimhnich anmhuiinneachd do naoidheanachd, agus braifid do oige, air an aobħar fin cuidich le anmhuiinneachd do aithrichibh aofda ;

agus dean congnadh riu an uair a
threigeas an neart-iad.

Air an dòigh so, theid an cinn liath
fios do an uaigh ann, an fitheach, agus
diolaidh do chlann fein duit do dhia-
dhachd, airson an deagh shamhladh a
thug thu dhoibh, le gràdh macail.

EARRUINN IV.

BRAITHAIREAN.

Cuimhnichibh gur clann do, an aon athair sibh, a dh'araich e le mòrain cùram, agus gur iad cichean na h-aon mhathar a thug bainne dhuibh.

Deanadh ar dillseachd, bhur ceangal re cheile mar bhrathairibh gao-lach, agus bithidh fithe agus sonas ann an tigh bhur n-athar.

Agus an uair a a dhealaicheas sibh re chèile, cuimhnichibh an daimh a ta ag bhur ceangladh mar aon, ann an gràdh ; agus na ròghnaichibh fear coimheach roimhe bhur ful fein.

Ma bhitheas do bhrathair ann an
cruaidh-chàs, dean cògnadh ris ;
ma bhitheas do phiuthar ann an
an-shocair na treig i.

Air a chor so, ni maoin bhur
n-athar cuideachadh ruibh, agus
cumaidh e suas a shliochd uile ; agus
bithidh a churam air a bhuanachadh
dhuibh gu leir ann bhur gràdh do a
chèile.

to the subject of our field of
view illustrates very satisfactorily
the nature of the world as
it appears to us. The world as
we know it is, in this sense,
very similar to the world as
we have described it above.
However, there is one important
difference which we must
mention. This difference is that
the world as we know it is
not changing and can not
change.

The world as we know it is
not changing and can not
change.

The world as we know it is
not changing and can not
change.

The world as we know it is
not changing and can not
change.

The world as we know it is
not changing and can not
change.

The world as we know it is
not changing and can not
change.

The world as we know it is
not changing and can not
change.

The world as we know it is
not changing and can not
change.

The world as we know it is
not changing and can not
change.

The world as we know it is
not changing and can not
change.

ROINN V.

FREASDAL.

NO

*NA MUDHAIBH A TA TACHAIRT
ANN AM MEASG DHAOINE.*

УЧЕБНИК

ДЛЯ РАБОТЫ

С

УЧЕБНОМУ КОМПЛЕКСУ
ДЛЯ АВТОМАТИЧЕСКОЙ

EARRUINN I.

AN GLIC AGUS AN T-AIN-EOLACH.

Tha tiadhlacadh na tuigse ag teachd o ionmhais De ; agus sonraichidh e a roinn fein do gach neach mar a chi e fein maith.

An do bhuilich **e** ortsa gliocas ? an do shioillfich **e** do inntinn le eòlas na firinn ? roinn sin ris an ain-eolach gu a theagasg ; roinn e ris an ghlic, airson do leas fein.

Ni bheil gliocas co dàna re amайдeachd. Tha an t-amadan reasgach, agus ni am bheil umhaill aige ; is aithne dh' à na h-uile ni, ach ain-eolas fein.

Is ni gráineil uaill an ain-eolais ; agus ni bheil amaideachd is mò ann, na mòran labhairt. An deidh sin uile, is e dleasdanas a ghliocais, bea-duidheachd a' ghiulan le foíhidinn, agus truas a ghabhail re mi-cheill.

Gidheagh, na bi air do shèideadh suas le dochus faoin, agus na bi uallach mu ad mhòr thuigse fein ; an t-eolas is foilleireadh ari meafg dhaoine, ni bheil ann ach doille agus amaideachd :

Tha an duine glic ag faireachduinn a laigfínn fein, agus tha e air ioras-lachadh leis ; saothairichdh e gu diomhain airson a thoileachadh fein ; ach tha an t-amadan ann am faoin-eachd a chroidhe, toilichte le thuinisc fein, agus ni an faoil e gu bheil néach

sam bith ni as eòlaich na e fein ; agus le cliù amadan toilichidh se e fein.

Ni e uaill a nithe nach fhiach ; ach far am bheil e nàrach dh' à a bhi ain-eolach, ann fin ni am bheil tuigse aige.

Direach ann an flighe a ghliocais fein, tha e saothaireach ann an deidh amaideachd ; agus is i luach a shaothair, nàire agus mealladh.

Ach deasaichidh an duine glic a inntinn le h-eòlas ; is e cleachda nan Ealadhain a thlachd, agus am feùm a ni iad do an chomunn gu leir, bheir sin mòr chliu dh' à.

An deidh sin uile, a bhi glic, eolach, agus maith, measaидh e mar am fòghlum is mòdha ; agus a bhi cuir ann an gniomh nan subhailcean a threoraicheas gu sonas e, is e fin a dhichioll do ghnàth.

EARRUINN II.

AM BEARTACH AGUS AM BOCHD.

An duine do an tug Dia beartas agus a bheannaich e le deagh aigne, gu am buileach gu ceart, fhuair e gean-maith sonraichte, agus chuir Dia urram mòr air.

Tha e ag amharc air a shaibhreas le tlachd, a chionn gu bheil e ag tabhairt comais d'a maith a dheanamh leis.

Farraididh e airson diol dèirc, agus fiosruichidh e air an uireas-bhuidh; agus bheir e cobhair chomh-thromach dhoibh, le ciùineas, gun uaill.

Ni e còngnadh, agus bheir e duais dhoibh-fan a ta toilteannach air; bheir e misneach do goch deagh thionnsgal. agus le fialaidheachd foirbhichidh e leis gach ni a ta fèumail.

Cuirfidh e air adhairet oibrichean mòra, ni e a dhùthaich ni as bear-taiche, agus tha obair aig an bhochd; dealbhaidh e as ùr Innleachdaibh fèumail, agus tha na h-Ealadhain air an leafach fuidh a laimh.

Air leis gu am buin fuighioll a bhèidh, do na bochdaibh mu an cuairt d'a, agus cha bhi iad air am mealladh dh'e.

Ni am bheil fhèlidheachd air a grabadh le a bheartas; ni e gairdeachas air an aobar sin ann a shaibhreas,

agus a ta a aoibhneas gun chron ann.

Ach is an-aoibhinn dho-fan a chàrnas suas faibhreas ann an lion-mhoireachd, agus a ni gairdeachas na aonar ann a sheilbh :

A shàrāicheas na bochdaibh, agus nach tabhair fanear gur h-ann le follas an gruaidh a ta iad ag teachd beo. (ag faotainn an teachd an tir.)

Tha e cinntinn beartach, agus tha e comadh cia mar a ta e ag a fhao-tainn ; cha għluais dolaidh a Choi-mhearsnaich a chroidhe-fan.

Is taitneach leis deòir an dileach-dain ; tha caoine na bantraich binn do a chluas.

Tha a chroidhe air a chruadhach le geanachd faibhris ; ni an tabhair

bròn no an-shocair neach eile,
snisneacha air a chroidhe-san.

Ach tha am mallachd a tha do
ghnàth ag leantuinn air aingidheachd,
an dian thoir air Tha e teachd beò
fuidh eagal an còmhnu'dh ; tha
iomaguin a chroidhe, agus zna mian-
na mi-chneasta, ag tabhairt dioghal-
tas air, airson na h-eu-còir a rinn e
air daoinibh eile.

Cha choimeas truaigh nam bochd,
re cragh goirt croidhe an duine so.

Biodh an duine bochd gu croidheil
fugach, seadh, deanadh e gairdeachas
oir a ta iomad aobhar aige.

Suidhidh e fios gu a lòn ann an
fith ; nì am bheil a thigh air a lionadh
le luchd brionnail, agus geòcairean.

Nì am bheil e air a chuir troimh a
cheile le mòran luchd tathaich, no

air a bhòghradh le agartas dhaoine leamh.

Air dh'a bhi as eagmhuis fòghaireachd luchd faibhris, seachainnuidh e mar an ceudna an easlaintibh.

Nach milis leis an t-aran a dh'itheas e? an t-uifg a dh'òlas e nach bheil e taitneach an uair a bhitheas e fuidh iota? seadh, moran ni as millse no an dibh is fearr a tha aig daoine fòghaireach.

Gleidhidh saothair a lamh agus saothair a chos a shlainnte, agus bheir sin dà, fois agus tamh, do am bheil iadsan a ta luighe air leabaiche cloimh, gu leisgeanach, nan coigrich.

Ni a'm miannaich e ni air bith ach ni air am fèud e ruigheachd; agus tha sith agus toileachas-inntinn aige,

mòran tuille na tha aca-san aig am bheil iomadaidh faibhris agus uighim.

Na biodh an duine faibhir air an aobhar sin-ro-earfsach as a bheartas ; agus na biodh am bochd an-earfsach ann a bhochduinn ; oir a ta freasdal, agus maitheas De, ag tabhairt teachd-an-tir dhoibh le cheile.

EARRUINN III.

FEARASTIGHE AGUS MUINNTIR.

Na dean thusa talach a dhuiine, mu inmh muinntearras ; is i sin aithne Dhe, agus tha iomad fochair ceangailte ri i (rithe); faoraidh fo thu o chùram, agus iomluafga na beatha fo.

Is e cliù muinntirneach e a bhi ionruic ; is iad na beusan is taitnich a bhuiteas do, e a bhi freagarach agus ùmhall.

Bi foidhidneach uime sin, fuidh smachd do uachdarain ; agus an uair a chronaicheas e thu, na freagair

a ris. Cha di-chuimhuichead duit
thu a bhi foirbh soitheamh.

Bi tidheach air a ghnothaichibh,
bi dichiollach ann a (obair,) mhath-
as, agus trèibh-dhireach anns gach
ni a dh'earbas e riut. (a chuireas e
fo ad laimh)

Buinidh do ùine. agus do shaoth-
air dho-fan ; na meall e air an
aobhar fin, oir a ta se ag tabhairt
diol duit air an son:

Agus thusa a tha ann ad fhear-
tighe, bi firinneach do ad mhuinn-
tirneach, ma dh'earbas tu e a bhi
tairis duit ; agus bi ciallach ann ad
iarrtas, nam bu mhaith leat freaga-
rachd ealamh uaithe-san.

Tha anam duine ann ; fèudaidh
cruas agus ain-ioc eagal a chuir air,
ach cha choisinn iad a ghràdh.

Cronaich e le caomhalachd, agus biodh an ni a deir thu ris, gu tuigseach ciallach : air an doigh so, gabhaidh do chomhairlibh gream air a chroidhe, agus bithidh a dhleasdanas taitneach leis.

Saothairichidh e dhuit gu tairiseach, a thaobh comain ; freagairidh e thu gu suilbhír a thaobh gràidh ; agus na di-chuimhnich thusa duais iomchubhaidh a thabhairt dho-fan, airson a fhreasdail, agus airson fhirinn.

EARRUINN IV.

MAITHEAN AGUS ISLEAN.

A thusa, is ionmhuinn le neamh,
 an neach a chomh-aontaich clann
 nan daoine, do chomh-fhearaibh fein,
 a thogail suas gu cumhachd rioghail ;
 agus a chuir thu mar fhear-iùil
 tharta fein ; cuimhuich crioch agus
 cudthrom a ni a dh' earb iad riut,
 mòran ni as mò na oirdhearcas na
 airde do inmh.

Tha thu air do sgeadach le
 èididh riomhach, agus air do shuigh
 air riogh-chathair, tha coron riogh-
 alach ag cuairteach do chinn ; tha
 flat a cheannsul ann ad laimh :

ach ni h ann air do fhon fein a thugar na comhtharraibh sin duit, chuir iad ad laimh-fa iad a mhain, airson maith do rioghachd

Is e cliù riogh, maith a shluaidh ; tha a chumhachd agus a uachdar-anachd an earbsadh re gràdh a shluaidh. (iochdaranaibh.)

Thà inntinn riogh cumhachdach air a h-àrdachadh le mòralachd a inmhe ; smuainichidh e air nithe àrda, agus rannfaichidh e a mach nithe is airidh air a chumhachd.

Cruinnichidh e an ceann a chèile Flaithibh a rioghachd, bithidh e ann a meafg, ag iarruidh an comhairle, le furan, agus èisfidh e re barail gach fear fa leth.

Beachduichidh e air a shluadh le h-eolas ; bheir e fànear teannsgul,

dhaoine, agus sonraichidh e an obair a reir an comais, agus an toilltineas.

Tha a luchd breithe, firinneach, tha a luchd frithealaidh glic, agus cha mheall fear rùin a chroidhe e.

Cuidichidh e leis na h-ealadhain, agus bithidh iad lionmhor; agus tha iad air an leafach, fuidh dheafach a laimh.

Is ann an comhlúadar muinntir fhòghluimte, agus thionnsgullach a tha a thlachd; lafaidh e ann nan croidheachan brosnuchadh, agus tha cliù a rioghachd air a h-àrdachadh le an faothair.

Tionnsguil a cheannaiche, a chuir feas a bhaghar fad as, do dhùthchan eile; eolas an treabhaiche, a ni fhearrann tarbhach; tionnscuilaibh an

an fhir-cheaird, leafachadh an ollamh-uidh ; iad sin uile cuidichidh e le a ghean-maith, agus bheir e duais doibh le a thoirbheartas.

Suidhichidh e fluadh ann am fearann fad as, togaidh e cabhlach laidir, fosgailidh e aibhnichean airson iom-chubhaidheachd, ni e calaidhean air son tearuinnteachd do luingeas. Tha a shluadh làn do bheartas, agus tha neart a rioghachd ag dol am meud.

Dhealbh e a reachdan le gliocas agus le ceartas ; tha a iochdranaibh ag mealtuinn gach ni a bhuineas doibh, gu tearuinnteach ; agus tha an sonas fein ag coimh-sheasamh ann an aire a thabhairt do an lagh.

Shuidhich e a reachdan ann an trocair ; ach ann an dioghaltas a dheanamh orra-fan, a bhristeas a

reachd, tha e teann, agus trèibh-dhireach.

Tha a chluas fosgailte do ghearan a shluaidh ; cuirfidh e grabadh air laimh luchd foirneart, agus faoraidh e an neo-chionntach o laimh an an-iocmhòr.

Uime sin, tha a shluadh ag amharc air, mar gu am bu e an Athair, le h-urrain, agus le gràdh ; tha iad ag a mheas mar neach a tha dionadh gach ni a ta iad ag mealtuinn.

An gràdh a tha aca dho-san, fad-aidh e ann a chroidhe-sa, gràdh do a shluadh ; tha e daonnaidh ann a amharc a bhi dionadh an sonais le cùram.

Cha bhi gearan, no an-tlachd ag eirigh suas ann nan croidheacha na



aghaidh ; cha chuir inntleachd a naimhdean cunnart air a rioghachd.

Tha a shluadh dileas agus dain-gion ann a aobhar ; seasaidh iad gu a dhion mar bhallaadh laidir tiugh ; teichidh feachd riogh an-dligheach rompadh, mar mhòll roimh an ioma-ghaoith.

Bithidh dion agus fith ag deanamh sonach aiceacha comhnuidh a shluaidh, bithidh cliù, agus neart, ag cuairte-achadh a riogh-chathair fein gu dilinn.

ROINN VI.

SUBHAILCEAN.

EARRUINN I.

SEIRC.

An uair a smainticheas tu air do uireasbhuidh fèin, an uair a bheachduicheas tu air do neo-fhoirfeachd, aidmhuich maitheas De, a dhuine; a bhuilich ort tuigse, a thug comas labhradh dhuit, agus a shuidhich thu ann an comhluadar dhaoīn eile, a dh'fhaotainn congnadh uadha, agus a thabhairt seach congnadh dhoibh.

Do bhiadh, do thruscan, do àite comhnuidh goireasach; a bhi tearuinnt o dhochunn, thu a mhealtuinn nithe maith, agus subhachais na beatha a ta a lathair; na h-uile ni

dhiubh sin, as ann le congnadh chàich a ta thu ag am faotainn, agus ni am biodh iad air am buanachadh dhuit, ach 'le comh-oibreachadh mar sin. (fuidh laimh Dhe.)

Is e do dhleafdanas. uime sin, a bhi ann ad dheagh charaid do an chinneadh daoine uile, do bhrigh gur e do leas, gu am biodh gach duine càirdeil riut fein.

Mar a chuirfeas lusan cùbhraidih deagh fhàile uapa, mar sin bheir croidhe duine seirceil, deagh oibrichean gu crioch.

Tha e mealtuinn sith agus socair a chroidhe fein, agus ni e gaitdeach-as ann an sonas, agus foirbheas a choimhearsnaich.

Cha tabhair e èisdeachd do thar-cuis, tha coirthearnaibh agus feach-

arain dhaoin eile, goimhail do a chroidhe.

Is e a mhiann a bhi deanamh maith, agus firidh e fath gu a dheanamh; ann an ea-tromachadh farach neach eile bheir e toilinntinn dho fein.

O a dheagh rùn, tha e an geall air sonas a chinneadh daoine uile; agus le feilidhreachd a chroidhe, ni e a dhichioll gu a chuir air adhairt.

EARRUINN II.

CEARTAS.

Tha sith na tire an earbsadh re ceartas ; tha suaimhneas gach neach fa leth, an earbsadh re am maoin a mhealtuinn gun dochuinn.

Biodh miannan do chroidhe, uime fin, ann am measarachd.

Na fanntaich cuid do choimhearsnaich, na bean thusa re ni a bhuineas do.

Na deanadh buaireadh air bith thusa a mhealladh, na brofnachadh air bith misneach a thabhairt duit, do lamh a fhineadh a mach gu a mharbhadh.

Na cuir am mi-mheas e ann a chliù, na tabhair fianais bhreig ann a ag-haidh.

Na tabhair droch chomhairle do a luchd muinntir gu a mhealladh, no gu a thrèige, agus na meall bean a ghraidh gu ciontachadh ann a ag-haidh.

Cuirfidh e bròn air a chroidhe, nach urrainn thu furtach a thabhairt dò; bithidh e na dhochunn do a bheatha, do nach dean leafachadh air bith dioladh.

Bi treibh-dhireach agus ceart ann ad gnothaichibh eadar duine agus duine, agus dean riu-fan mar bu mhaith leat iad-fan dheanamh riut fein.

Bi firinneach do an earbfadh a chuirfear ann ad, agus na meall an duine a chuir-feas a dhoigh annad.

agus bi cinnteach gur olc fo, a taro uamhor ann an sealladh Dhè.

Na faruich am bochd, agus na meall an sgolag ann a thuarasdal.

An uair a reiceas tu airson buannachd, tabhair an aire air an ni a deir do choguis, agus bi toilichte le cuimse; agus na meall an t-aineolach.

Diol na fiachaibh a bhuiteas duit, oir esan a thug dàil duit, dh'earb e re do fhocal, agus thusa, chumail uaithe a dhlighe, a ta e maraon fuarrach, agus mi-cheart.

Fa dheireadh, thusa a dhuine! a tha ann ad bhall do an mhòr-fhluadh; ceafnuich do chroidhe le cùram, tabhair gach ni gu do chui-mhne, agus ma chi thu gu an do rinn thu easaontas anns na nithe fin, gabh bròn, agus nàire dhiot fein, agus dean leafach a reir do chomais.

EARRUINN III.

GRAGH NO CAIRDEAS.

Is sonadh an duine ag am bheil deagh rùin ann a chroidhe ; is e an toradh a thig uaith, feirc agus gràgh.

O mhaitheas a chroidhe, tha e ag deanamh congnadh do gach neach mu an cuairt do, agus tha a thoirbheartas mòr agus tarbhach, airson feum a a chinneadh daoine.

Bheir e congnadh do na boch-daibh ann an am an cruidh-chais ; bithidh aiteas air ann an foirbheachadh le maith na h-uile neach.

Ni an coirthich e a choimhearnach, cha chreid e briatharaibh far-maid, agus mi-rùin ; ni mò a dh' aithriseas e tuaileas.

Maithidh e lochdaibh dhaoine, fuadaichidh e o a chuimhne iad ; cha ghabh dioghaltas, no mi-run, comhnuidh ann a chroidhe.

Cha tabhair e seach olc airson ullc, cha tabhair e fuath do a naimh-dean fein ; ach diolaidh e an eu-coir le comhairlibh càirdeil.

Tha e ag gabhail truas re bròn, agus iomaguin dhaoine, ni e a dhich-ioll air lasach a thabhairt doibh ; agus an toilinnntinn a bhitheas aige, le so a choimhlionadh, measaидh e na luach saothair gu leòr.

Ciuinichidh e ardan, agus rèitich-idh e comh-strith dhaoine a ta ann

an corruich, agus cuirfidh se casg
air aimhleas, agus mi-run.

Soirbhichidh e leis gach ni a ta ann a
choimhearsnachd, a bhitheas a chum
sìth, agus gean-maith, am measg
dhaoine, agus tha a ainm air aithris
le cliù agus le beannachda.

EARRUINN IV.

COMAIN.

Mar a philleas gèugan craoibh an futh (am brigh) do a bun o an tainig e, mar a dhoirteas Abhuinn a fruth anns an mhuir (fhaирge) o an tainig e; air an dòigh cheudna, gabhaidh croidhe duine còir, tlachd ann an comain a thabhairt seachad, airson a mhaith a fhuair e.

Aidmìchidh e a chomain le suil-bhireachd, bheir e meas air a charaid le gràgh, agus ciatfachd.

Agus mar comas do comain a dheanamh, cumaidh e ann a chroidhe cuimhne air le gràgh, cha-

di-chuimhnich se e fhad is bed e.

Tha laimh an duine fhial cosmhui^l
re neoil nan speur, a shileas a nuas,
air an talamh, toradh, feur, agus
blàthaibh ; ach tha croidhe an duine
nach tabhair buidheachas, cosmhui^l
re fasach gaineamh, a shluigeas fios
gu h-ealamh na frasaibh a thuiteas
gu tric air, gun ni air bith fhàs
uaith.

Biodh deagh mheas agad air do
charaid, agus na ceil am maith a
bhuilich e ort ; oir ged a tha gniomh
fiughantach toiltinneach air cliù ;
gidheadh, tha iriosflachd a bhi ag
aidmheachadh comain aig taisleach
adh a chroidhe, agus tha e taitneach
ann an fealladh Dhè, agus dhaoine.

Ach na gabh tiodhlac o laimh
 neach uaibhreach ; dhoibh-fan ata
 uile air an son fein, agus ata sanntach,
 na biodh gnothach agad riu : le an
 àrdan cuifidh iad masladh ort, agus
 gù bràth cha bhi iad toilichte le co-
 main.

EARRUINN V.

TREIBH-DHIREACHD.

Thusa 'aig am bheil tlachd do an fhirinn, agus 'do 'an aithne a luach, lean gu dluith ri i, agus 'na treig i air chor air bith; bheir do sheasmhachd anns an chùis so mòr urram ort.

Fèudfuidhear 'earbsadh a dheanamh a briatharaibh an fhireannaich; Ni am 'theil ceal no folach ann a bhriatharaibh.

Is nàr leis gnothach à bhi aige re cèilg, ach tha e cuir roinntie do ghnàth an fhirinn a mhain a labh-airt.

Cumaidh e suas le duinealas agus firinn cliù air ainm fein, is mi-mheafail agus taireil leis gach ni cealgach.

Tha e daonnan air an aon dòigh, cha bhi e idir iomluaineach; (no leam leat) tha e misneachail ann an cùis na firinn, ach tha a bhrèug eagalach dò.

Is fada uaith an fhirinn a chealachadh; is iad focail a bheoil smoinntean a chroidhe.

Gidheadh, le ciall agus faicilleachd fosgailidh e a bheul; toghaidh e a ni a ta ceart, agus labhraidh e le suairceas.

Comharlichidh e le càirdeas, cròn-aichidh e le smachd; agus cia bu e an ni air bith a gheallas e, coimhlionidh e, gu cinnteach e.

Ach tha croidhe a chealgaire fol-aichte an taobh a stigh dho ; ceilich-idh e a rùin ann an riochd na firinn, an uair is i mealltoireachd amhain a tha e cuir roimh, re a bheatha, agus a shaoghal.

Gàiridh e ann an am bròin, guil-idh e ann an am subhachais ; agus ni bheil seadh ann am briatharaibh a bheoil.

Tha e ag oibreacha anns an dorch mar an Uir-threabha, agus faoilidh e gu am bheil e folaichte ; ach tuislich-idh e chum an t-soluis, agus chitear e, le a shalachar fèin air a cheann.

Nì an innis e am feasd a rùin ; tha a theanga, agus a chroidhe do ghnàth an aghaidh a cheile.

Tha e ro-dhèidheil a chreidfinn a thabhairt air daoin eile, gur duine

coir e fein; tha e fior bhuidheach ann a bharail fein gu bheil e gu chùlbheartach.

Amadain mhòir! an t-saothair a ta thu ag gabhail a dh'fholach do chor, tha e ni as mòdha na dheanadh tu gu firinneach a ni a bu aill leat a bhi cosmhuil ris; agus ni daoine glic fanoid ort, airson do chùlbheatuibh; an uair a shaoileas tu bhi fuidh dhion, rùisgear dhiot an t-an-riochd a chuir thu ort, agus an fin, bithidh tu ann ad bhall-inagaidh do an t-fluadh gu leir.

ROINN VII.

CREIDIMH.

L

CREIDIMH.

Ni bheil ann ach aon Dia, do am
buin an faoghal, cruith-fhear agus
uachdaran an domhain, uile chumhachdach,
bith-bhuanta, agus do-fhiosfraichte.

Cha an i a ghrian Dia, ged is i
a mhain an samhladh is mò dhò.
Tha i ag beothachadh an t-faoghaile
le a foillse, tha a teas ag tabhairt
beatha do thoradh na talmhuinn;
tabhair speis di mar ni a chruthaich
Dia, ach na tabhair aoradh dhi.
(do i.)

Dhò-san a tha os ceann nan uile,
a ta uile ghlic, agus uile mhaith,

dhòsan a mhain buinidh aoradh, urram, moladh, agus bairtheachas.

An Ti a shìn a mach na neamhadh le a laimh, a chomhtharaich flighe do na reultaibh.

An Ti a shonruich criochaibh na Fairge nach fheud i dol ni as faide; agus a deir ris a ghaoith ghaill-shionaich, Bi ciùin.

An Ti a chrathas an talamh, agus a chuirfeas crith air na cinnich; an Ti a lafas a dhealanach anns an athar, agus bithidh na h-aingidh fuidh eagal.

An Ti a chruthaicheas faoghaile le focal a bheoil; an neach a bhuaileas iad le a laimh, agus tionndaidh e iad gu neo ni.

“Tabhair urram do an uilechum-

bachdach ; agus na las fhearg, eagal am millear' thu."

Tha freasdal De mu an cuairt do a oibribh uile ; tha e a fdiùradh, agus a feoladh, le gliocas neo-mhearachdach.

Chuir e air chois laghana chum fdiùradh na domhain ; dh'atharraich e iad gu neonach a reir gneith gach duil a chruthaich .e ; agus gach aon diubh sin a rèir an càileachd, ata iad ag coimhlionadh a thoil.

O na is aithne dho-fan gach ni air bith, tha gach uile eolas aige ; tha gach ni a thachras an deidh laimh, ann a shealladh do ghnàth.

Tha smuaintean do chroidhe rùisgde ann an radharc a shùl ; is aithne dho-fan do rùin mu an do smuaintich thu iad.

Do thaobh a roimh-eolas, ni bheil ni air bith tachairt le tuiteamas ; agus a thaobh a fhreasdail, tha gach ni air a fdiùradh mar is àill leis.

Tha e iongantach ann a fhligheanna uile, tha a chomhairlean do-rann-suichte ; Tha eolas-fan fad ofsceann do thuigfe.

“ Diol dho-fan air an aobhar sin mar is còir, cliù, agus urram, agus bi umhall agus iriosal, ann am freagarachd do a aitheanntaibh.”

Tha an Tighearna làn de ghràgh, agus de thoirbheartas ; do chruthaich e an saoghal ann an tròcair, agus ann an gràgh.

Tha a mhaiteas air fhaicinn ann a uile oibre ; tha efan gu h-uile oirdhearc, agus gu h-uile foirfe.

Tha gach dùil a chruthaich e, ag taisbean a mhaitheis, àgus tha gach ni a ta iad ag mealtuinn, ag cuir am meud a chliu ; èudichidh e iad le maife, builichidh e lòn orra, gleidhidh e iad le gràgh, o linn gu linn.

Ma thogfas fìnn suas ar suilibh gu neamh, tha a mhoralachd ag dealradh a mach ; ma dh' amhairceas fìnn sios air an talamh, tha e làn de a mhaith-eas ; tha na fleibhtean, agus na gleanntan, ag deanamh gairdeachas agus ceol ; tha na machairean, na h-aibhnichean, agus na coilltean, ag deana mh comh-sheirm do a mholaadh.

Ach thusa, a dhuine, chomhtharraich e thu sonraighte le a ghràgh ; agus dh' àrdaich e do inmh osceann gach dùil air thalamh.

Bhuilich e ort ciall agus tuigse, a chum do uachdranachd a ghleidhe; chuir e cànamhùinn a'n ad bheul-chum tuille eolais fhaotainn uap-sata mu an cuairt duit; agus 'dh'àrd-aich e do inntinn le comas smuainteachadh, agus beachd a ghabhail, agus urram agus aoradh, a thabhairt dhò-fan a ta gun choimhmeas, ann an iomlaineachd a bhuaidhibh.

Agus ànns na reachdaibh a chuir e air chois chum sdiùradh do chaimhe-beatha, rinn e gu chaomhail do dhleafdanas a chumadh a reir do chomais, as gu am bheil umhlachd agus freagarachd do a aitheannta sonasach dhuit fein.

“ Mol a mhaithes gu durachdach, le laoidhibh buidheachais, agus smuaintich gu tosdach, air iongantas-

aibh a ghràigh ; biodh do chroidhè làn de ghragh, ag aidmheachadh a thiodhlacadh ; biodh cànamhuinn do bheoil ag tabhairt moladh agus aoradh dho ; biodh gniomharadh do bheatha a feuchainn an gràgh a ta àgad do a reachd.”

Tha an Tighearna ceart agus firinneach, agus bheir e breith air an domhain, le ceartas agus firinn.

O na dhaingnich e a lagha ann am maitheas agus tròcair ; nach dean e dioghaltas orra-fan a bhristeas iad ?

Na fmuaintich dhuit fein le dànaðas, a dhuine, a chionn gu bheil dàil air a chuir ann an dioghaltas, airson do easaontais, gu bheil gairdean an Tighearna air anmhunnachadh ; ni mò a mheallas tu thu fein le dòchus

a bhi agad nach bheil e tabhairt an aire air do dheanadas.

Tha e ag faicinn an fmuain is diomhaire a ta anns gach uile chroidhe, agus cuimhnichidh e iad am feasd; ni e ceartas ris na h-uile, biodh iad bochd, no beartach.

Gheibh an t-uafal agus an t-iosal, am bochd agus am beartach, am fear glic agus an t-aineolach, an uair a dhealaicheas an t-anam ris a chorp; gheibh iad uile le cheile an t-aon bhreith cheart o Dhia, a reir an gniomharadh, air a cheann fa dheir-eadh.

An fin bithidh na h-aingidh air ball-chrith, agus fo eagal; ach ni croidhe nan ionraic gairdeachas ann a bhreith.

Uime sin, biodh eagal an Tighearna ort re laithibh do bheatha, agus iomaich anns na ceumanna a chuir e romhad. Deanadh deagh fheairt do chomhairleachadh, deanadh stuamachd do chafgadh, deanadh ceartas do lamh a sdiùradh, agus deagh rùin do chroidhe a theògha, agus deanadh do chomain do Dhia, crabhadh a lafad a ann ad chroidhe. Ni iad sin thu sonadh fhad is beo thu, agus bheir iad thu gu Flaitheamhnas Dè, far am bheil gairdeachas agus subhachas gu siorruith.

Is i fo fior Sdiùradh na Beatha Shaoghalta

A CHRIOCK.

the first time in the history of the
country, and the first time in the
history of the world, that a
nation has been born in the
midst of a people who were
not yet born. The first
nation born in the
midst of a people
not yet born.

James Macpherson's Library



